

Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh le Comhairle Baile Ghlaschu gus Ath-sgoil Bhaile a' Ghobhainn a stèidheachadh mar sgoil airson Foghlam Meadhan Gàidhlig mar chòir, le sgìre-sgoile chomharraichte. Tha Comhairle Baile Ghlaschu cuideachd a' moladh bun-sgoil eile a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig ann an ear-thuath a' bhaile. Tha Comhairle Baile Ghlaschu air sgìrean-sgoile a mholadh, nam biodh e mar thoradh aig a' cho-chomhairleachadh gum biodh ceithir sgoiltean Foghlam Meadhan Gàidhlig sa bhaile.

An Gearran 2020

1. Ro-ràdh

1.1 Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba air a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) a rèir cumhachan Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010 (“Achd 2010”). Is e adhbhar na h-aithisg beachd neo-eisimeileach is neo-phàirteach a thabhann mu mholadh Chomhairle Baile Ghlaschu, Ath-sgoil Bhaile a' Ghobhainn a stèidheachadh mar sgoil airson Foghlam Meadhan Gàidhlig, mar chòir, le sgìre-sgoile chomharraichte. Tha e cuideachd a' moladh bun-sgoil eile a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig ann an ear-thuath a' bhaile. Tha Earrann 2 den aithisg a' cur an cèill cunntas goirid mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 a' cur an cèill beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu thaobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach beachdan cudromach a chaidh a thoirt leis an luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-chunntas air beachd farsaing Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' mholadh. An uair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd a' cur riatanas air a' chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aige fhèin ullachadh. Bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aig a' chomhairle a bhith a' gabhail a-steach lethbhreac den aithisg seo agus feumaidh mìneachadh a bhith innte, ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, mun lèirmheas a tha e air a dhèanamh air a' mholadh a chaidh a dhèanamh o thùs, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingeann a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh. Feumaidh a' chomhairle aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig e gu co-dhùnadh deireannach.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus daoine òga bho na sgoiltean; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-là foillseachaidh na h-aithisg molaidh; agus clann agus daoine òga eile ann an roinn na comhairle;
- buaidh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- mar a tha a' chomhairle am beachd droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh èirigh bhon mholadh, a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle am beachd a thigeadh bho bhith a' cur a' mholaidh seo an cèill, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a' tighinn chun nam beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- beachdachadh air na pàipearan iomchaidh air fad a chaidh a sgaoileadh leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte an aithris air buannachdan foghlaim agus na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh buntainneach, fianais sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan agus bho dhaoine eile;
- conaltradhean air an fhòn mu na molaidhean; agus
- cuairtean gu làrach Ath-sgoil Bhaile a' Ghobhainn, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail, a' gabhail a-steach conaltradh ri luchd-comhairleachaidh iomchaidh.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle Baile Ghlaschu os làimh co-chomhairleachadh air a mholadh/mholaidhean a rèir Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010.

2.2 Lean am pròiseas co-chomhairleachaidh bho 31 Dàmhair 2019 gu 26 Faoilleach 2020. Chaidh am pàipear molaidh a sgaoileadh gu raon farsaing de luchd-ùidh agus daoine a bha a' cur sùim sa chùis. Bha iad sin a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant. Bha na h-ùghdarrasan foghlaim air fad mun cuairt air Comhairle Baile Ghlaschu air an gabhail a-steach air an liosta sgaoilidh. Bha seo a' gabhail a-steach ùghdarrasan foghlaim a bhios a' dèanamh iarrtasan suidheachaidh airson clann agus daoine òga a bhith air an cur gu Comhairle Baile Ghlaschu gus a bhith air an oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh fios a bha ag innse mun cho-chomhairleachadh a chur gu na meadhanan. Bha raon sònraichte air a stèidheachadh air làrach-lìn Chomhairle Baile Ghlaschu gus fiosrachadh agus cothrom fios air ais mun cho-chomhairleachadh a thoirt do luchd-ùidh.

2.3 Chùm Stiùiriche Gnìomh an Fhoghlaim agus oifigearan eile coinneamh phoblach aig gach aon de na solaran Meadhan Gàidhlig sa bhaile. B' e na h-àireamhan a fhrithheil na coinneamhan sin, mar a chaidh a thoirt seachad leis a' chomhairle: Ath-sgoil Bhaile a' Ghobhainn - 11, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu - 24 agus Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail - 16. Bha an fheadhainn a bha an làthair a' toirt taic dha na molaidhean. Dh'iarr iad tuilleadh fiosrachaidh mu nithean mar: an t-àite sam biodh na sgoiltean, sgìrean-sgoile, luchd-obrach, solar tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, agus cothroman do luchd-obrach a bhith a' co-obrachadh a thaobh ionnsachadh proifeiseanta airson Foghlam Meadhan Gàidhlig.

2.4 Chuir a' chomhairle ceithir cheistean mu na molaidhean aca ann an ceisteachan air-loidhne, agus fhreagair 198 iad. Bha an ìre mhath a h-uile duine a fhreagair a' toirt taic do Ath-sgoil Bhaile a' Ghobhainn a bhith na sgoil neo-cheangailte tro Mheadhan Gàidhlig. Bha an ìre mhath a h-uile duine a fhreagair a' toirt taic do bhith a' stèidheachadh na ceathraimh bun-sgoile tro Mheadhan Gàidhlig san sgoil a bha ann roimhe, Bun-sgoil Naoimh Seumas ann an ear-thuath a' bhaile. Bha a' mhòr-chuid den fheadhainn a fhreagair airson gun deigheadh dà sheat de sgìrean-sgoile a stèidheachadh timcheall air na bun-sgoiltean a bhathar a' moladh is feadhainn a bha ann a-cheana airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Dhearbh gnìomhan luachaidh eile a rinn Luchd-sgrùdaidh na Banrigh dàta coltach ris na fhuairear bhon cheisteachan. Chomharraich gnìomhan luachaidh cuideachd uallaichean glè bhuntainneach. A' dol air adhart, tha beachdan an luchd-comhairleachaidh glè fheumail ann a bhith a' toirt taic do bhuileachadh soirbheachail air na molaidhean, nan deigheadh an cur an gnìomh. Bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart a' soilleireachadh le pàrantan mar a thèid dèiligeadh ris na cùraman aca.

3. Taobhan Foghlaim a' Mholaidh

3.1 Tha am moladh seo a' riochdachadh taic làidir bho Chomhairle Baile Ghlaschu mu iarrtas a tha a' sìor mheudachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha a' chomhairle a' leantainn Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig reachdail le bhith a' planadh air an iarrtas phàrantail seo a choinneachadh. Tha am moladh a' gabhail a-steach a bhith a' stèidheachadh dà bhun-sgoil a bharrachd anns am bi bogadh sa Ghàidhlig ri fhaotainn. Cha mhòr nach robh na co-chomhairleachaidhean air fad a' faireachdainn gun robh Ath-sgoil Bhaile a' Ghobhainn deiseil airson a dhearbhadh aithne fhèin a bhith aige mar sgoil aon-seasmhach. Bha pàrantan a' faireachdainn gum biodh e feumail nam biodh sgèilean-ama cinnteach ann airson fosgladh na dàrna bun-sgoile ùir a thathar a' moladh, agus barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn. Le bhith a' stèidheachadh dà bhun-sgoil ùr dheigheadh an comas aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a mheudachadh. Bheireadh seo cothrom leudachadh a dhèanamh air foghlam àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig airson a' bhaile air fad. Tha na molaidhean a' tabhann bhuannachdan

foghlaim dhan fheadhainn a tha a-cheana ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus dhan fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd.

3.2 Bha teagamhan aig pàrantan aig Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail, cho math ri pàrantan eile a tha a' cleachdadh Foghlam Meadhan Gàidhlig, mun sgìre-sgoile a bha air a stèidheachadh mun cuairt Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail. Bha iad sin ri linn meud na sgoile agus gum biodh glè luath cus iarrais ann air a shon. Tha Ath-sgoil Bhaile a' Ghobhainn, nam beachd-san gu luath a' fàs mar an sgoil roghnaichte. Tha pàrantan mothachail gum faodadh e a bhith doirbh bho bhliadhna gu bliadhna fios a bhith air cia mheud leanabh a dh'fhaodadh clàradh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart ag obair còmhla ri pàrantan gus am fuasgladh as fheàrr fhaighinn ann a bhith a' deilbh sgìrean-sgoile. Don ìre mhath a h-uile pàrant tha na co-chom-pàirteachasan agus na co-shochairean eadar a' choimhearsnachd agus a sgoil cudromach. Tha seo gu h-àraidh fìor airson a bhith a' toirt taic do dh'fhileantas na cloinne agus nan daoine òga sa Ghàidhlig. Bha pàrantan a' faireachdainn gum faodadh na cùisean mun sgìre-sgoile a bhathar a' moladh airson Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail dùbhlain a nochdadh ann an coileanadh buaidh dheimhinnich an lùib com-pàirteachadh coimhearsnachd. Tha a' chomhairle air innse gun cuir iad fàilte air molaidhean eile airson sgìrean-sgoile bho luchd-co-chomhairleachaidh. Bu chòir dhaibh a-nis tuilleadh obrach a dhèanamh le pàrantan gus an t-ullachadh as fheàrr as urrainn fhaighinn. Bu chòir dhan chomhairle cuideachd tuilleadh conaltraidh a dhèanamh le pàrantan mu na rùintean aca airson ullachaidhean èifeachdach mu a bhith a' cur clann às an aon teaghlach dhan aon sgoil; solar goireasach de dh'ullachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne tro làn-bhogadh agus co-ionannachd thar sgoiltean Foghlam Meadhan Gàidhlig sa bhaile a thaobh cothrom air ceòl, cultar agus spòrs.

3.3 Cha mhòr nach robh na co-chomhairleachaidhean air fad, ris an do bhruidhinn Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mun mholadh, deimhinneach mu mhodh-obrach na comhairle a thaobh buidheann-obrach gearr-ùine a bhith aca airson co-phlanadh ro-innleachdail air Foghlam Meadhan Gàidhlig. B' e na molaidhean a tha air an cur an cèill sa cho-chomhairleachadh seo, aon de bhuilean a' bhuidhinn-obrach gearr-ùine. Bha am buidheann-obrach gearr-ùine, bhathar a' faireachdainn, a' riochdachadh nam pàrantan agus ga dhèanamh comasach dhaibh com-pàirteachadh glè èifeachdach ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean.

3.4 Thog grunnan den luchd-co-chomhairleachaidh uallaichean mu dhùbhlain a thaobh luchd-obrach san roinn Ghàidhlig. Le sgoiltean ùra agus leudachadh air a phlanadh, dh'ath-aithris na pàrantan cho cudromach 's a bha e gum biodh gu leòr luchd-obrach ann le fileantas de dh'àrd-chàileachd. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' làn-thuigsinn uallaichean nam pàrantan. Tha am pàipear molaidh a' mìneachadh rùn na comhairle leantainn air adhart ag obair le Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil am planadh a thaobh sgioba-obrach a' coinneachadh ri riatanasan luchd-obrach na comhairle.

3.5 Bha beagan pàrantan a tha a' cleachdadh solar Foghlam Meadhan Gàidhlig aig a' chomhairle, ach a tha a' còmhnaidh ann an ùghdarras ionadail eile, a' nochdadh beagan uallaichean. Bha na h-uallaichean aca a' cuimseachadh air gur dòcha gun cailleadh iad an cothrom air an robh iad a' cur luach mòr, air solar tro Mheadhan na Gàidhlig aig Comhairle Baile Ghlaschu agus a' chomhairle a' toirt prìomhachas do bhith a' coinneachadh ri iarritasan nam pàrantan aca fhèin sa chiad àite. Tha an solar làithreach a' toirt taic don mhiann nàiseanta a thaobh àrdachadh a thoirt air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig. Bha uallach air pàrantan nach biodh an solar tro Mheadhan na Gàidhlig ri fhaotainn do phàrantan taobh a-muigh a' bhaile, a' gabhail a-steach a bhith a' tabhann leantainneachd bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil. Tha a' chomhairle ri mholadh gu bheil iad air na h-ùghdarrasan ionadail a tha mun cuairt a thoirt a-steach dhan cho-chomhairleachadh mu na molaidhean aca. Tha cuid de na pàrantan ag aithris gur e an solar àrd-sgoile aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, a tha a' lìbhrigeadh a' churraicealaim tron Ghàidhlig cho mòr 's as urrainn, an dearbh nì a tha iad ag iarraidh airson an leanabh aca. Cha d' fhuair e.

freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig mar cho-chomhairliche reachdail, mun cho-chomhairleachadh seo. Bhiodh e feumail do luchd-ùidh agus don chomhairle beachdan Bhòrd na Gàidhlig mun seo a chluinntinn mar a bhios am moladh air a ghluasad air adhart.

4. Geàrr-iomradh

Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ag aontachadh gun toir molaidhean na comhairle air adhart tuilleadh shochairan foghlaim don roinn Ghàidhlig. Cuidichidh am moladh a' chomhairle ann a bhith a' coinneachadh ri iarrtas nas motha airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Nochd luchd-co-chomhairleachaidh beagan uallaichean mar a tha air a mhìneachadh ann an earrann a dhà agus a trì den aithisg seo. A' dol air adhart, bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart ag obair le pàrantan ann a bhith a' dèiligeadh ris na nithean sin.

**Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
Foghlam Alba
An Gearran 2020**